

Partaidh Uaine na h-Alba

Manifesto an Taghaidh Nàiseanta 2024 – Geàrr-chunntas Luchd-gnìomha

Cha b'urrainn don taghadh seo a bhith nas cudromaiche. Tha luchd-saidheans soilleir nam beachd gum buannaichear no gun caillear an t-strì an aghaidh atharrachadh aimsir thairis air na còig bliadhna ri teachd. Dh'fhaodadh Riaghaltas Ùr san Rìoghachd Aonaichte na gnìomhan dearbhach air a bheil feum a chur air bhonn airson eadar-ghluasad cruinneil gu eaconamaidh ghlan, uaine. Tha an t-àm ri teachd a' crochadh air.

Tha Partaidh Uaine na h-Alba air sealltainn gun urrainn dhaibh libhrigeadh airson daoine agus airson na planaid.

Tha sinn mu thràth:

- air cothrom siubhal an asgaidh air bus a thoirt do chloinn is do dhaoine òga
- air cur às do thicedan dhrip-ùine air rèile
- air stad èiginneach a chur air àrdachadh màl rè chruadhas cosgais bith-beò
- air a' mhaoineachadh as àirde a libhrigeadh airson ath-stèidheachadh nàdair agus gnìomhachd gnàth-shìde
- air cìsean-cosnaidh a chothromachadh ann an Alba gus am bi an fheadhainn aig a bheil an teachd-a-steach as àirde a' pàigheadh barrachd agus an fheadhainn leis an teachd-a-steach as ìsle a' pàigheadh nas lugha

Tha am manifesto a' foillseachadh prògram atharrachaidh bunaiteach. Tha freagairtean uaine againn thairis air cùisean a tha glèidhte aig Riaghaltas na Rìoghachd Aonaichte ach air a bheil cruaidh fheum aig Alba ma tha sinn airson dùthaich nas uaine, nas cothromaiche agus nas soirbheachail a chruthachadh agus ar gealladh a choileanadh a dhol an sàs ann an atharrachadh èiginneach na gnàth-shìde.

A' dol an sàs ann an atharrachadh èiginneach na gnàth-shìde

Tha atharrachadh èiginneach na gnàth-shìde agus sgrìos leantainneach ar saoghal nàdarra nam bagairtean bitheil don chinne-daonna agus 's iad an aon chùis as motha agus as bunaitiche a thig mu choinneamh an ath Riaghaltas anns an Rìoghachd Aonaichte.

Gluaisidh Partaidh Uaine na h-Alba gu 100% lùth ath-nuadhachail, a' cleachdadh plana 5 puingean gus:

1. cur às do chonnadh fosaileach mean air mhean
2. airgead a chur ann an grid an dealain agus a chur ann an seilbh na dùthcha
3. taic a bharrachd a thoirt do lùth ath-nuadhachail
4. teas agus còmhdhail a ghluasad gu cumhachd dealain
5. stad a chur air taic do stèiseanan cumhachd ùra niùclasach

Cuiridh sinn air bhonn prògram inbheistidh £28 billean gach bliadhna mar Cùmhnant Ùr Uaine. An luib seo, bidh taic airson teicneòlas uaine a chleachdadh, dèanamh cinnteach gu bheil companaidhean a' cur airgead anns an loidhne -solair ath-nuadhachail anns an Rìoghachd Aonaichte agus ag inbheisteadh ann an ath-aisig ar n-àrainneachd nàdarra.

Cuiridh sinn stad air taic do ghnìomhachasan connaidh fiosaileach le bhith a' toirt air falbh faochadh cìse bho chompanaidhean ola agus gas a tha ag obair anns a' Chuan a Tuath agus a' toirt a-steach cìs thurcharite a tha dearbhte agus èifeachdach .

Togaidh Partaidh Uaine na h-Alba siostam còmhhdail ùr, carbon neoinitheach. Cuiridh sinn air bhonn cìs itealaich iomadaidh agus cìs air deit-itealain phrìobhaideach gus eimisean bhon roinn itealanachd isleachadh. Cuiridh sinn air dòigh sgeama nàiseanta teàirrdsidh air na rathaidean gus am pàigh luchd-cleachdaidh nan rathaidean airson nan cosgaisean a tha iad ag adhbhrachadh dhan t-siostam còmhhdail. Cleachdaidh sinn an t-airgead a thig bho na cìsean sin airson lìonra rèile agus bus reusanta, fo sheilbh phoblach, le ceanglaichean ris an Roinn Eòrpa.

Ath-stèidhichidh Partaidh Uaine na h-Alba ar n-àrainneachd nàdarra le bhith ag inbheisteadh ann a bhith a' meudachadh fearann coillteach dùthchail agus ag ath-stèidheachadh mòinteach mhìllte. Tha sinn a' cur taic ri còir a' chinne-daonna ri àrainneachd fhallain agus a' gabhail ri Ecocide mar eucoir eadar-nàiseanta.

Tha e mar fhiachadh oirnn taic a chur ri gluasadan Ceartas Aimsireil air feadh an t-saoghail. Tha na dùthchannan as beairtiche air èiginn aimsireil adhbhrachadh le bhith a' losgadh connadh fosaileach ach 's e na dùthchannan as bochda a tha a' pàigheadh air a shon a-nis. Tha Partaidh Uaine na h-Alba a' sireadh stèidheachadh Maoin Call is Millidh cruinneil far am biodh dùthchannan beairteach a' maoineachadh dhùthchannan is choimhearsnachdan a tha buailteach milleadh fhulang tro atharrachadh aimsir.

Eaconamaidh a dh'obraicheas do dhaoine 's don phlanaid

Tha Partaidh Uaine na h-Alba a' creidsinn ann an eaconamaidh a chuireas soirbheachas dhaoine agus planaid air thoiseach air prothaid aon-neach. Feumaidh sinn obraichean math le deagh pàigheadh a chruthachadh agus airgead as ùr a chur nar seirbheisean poblach agus nar coimhearsnachdan.

Thogadh cìs chothromach air beairteas san Rìoghachd Aonaichte billeanan airson maoineachadh poblach ath-stèidheachadh agus neo-ionnanachd isleachadh eadar beairteach is bochd. Chuireadh sinn air bhonn Cìs Beairteis air an 1% as beairtiche san Rìoghachd Aonaichte, a thogadh 70 billean airson ar seirbheisean poblach.

Dhèanadh sinn siostam na Cìs Cosnaidh nas adhartaiche le bhith a' cur siostam na Rìoghachd Aonaichte air an aon bhunait ri siostam Alba far a bheil an fheadhainn as motha a tha a' cosnadh a' pàigheadh barrachd agus an fheadhainn as ìsle a' pàigheadh nas lugha.

Gus èiginn cosgais bith-beò a leasachadh chumadh Partaidh Uaine na h-Alba cosgaisean bidhe riatanach ìosal aig amannan àrd-atachais mar a rinnear san Fhraing ann an 2023. A bharrachd air an sin, dhèanamaidh cosgaisean connaidh nas saoire le bhith a' sgaradh phrìsean dealain is gas agus a' cur stad air gnàth-chosgaisean do chustamairean dealain san dachaigh.

Chuireadh Partaidh Uaine na h-Alba air bhonn Cùmhnant Ùr do Luchd-obrach le bhith a' cur às do riaghailtean an aghaidh Aonaidhean Ciùird, a' cur stad air cùmhnantan uairean-neoinitheach agus ag àrdachadh an tuarastail reachdail as lugha gu ìre tuarastal bith-beò.

Le neo-eisimeileachd, bhiodh smachd aig Alba air cìseachadh agus poileasaidh fioscail agus bhiodh cothrom againn slighe eacanomaigeach eile a leantainn. Slighe a dhèanadh cinnteach gun robh deagh dhòigh-beatha aig gach neach agus gun robh ar coimhearsnachdan agus ar eaconamaidh a' buannachadh bho eadar-ghluasad ceart air falbh bho chonnadh fosaileach.

A' cur sunnd is urram aig cridhe poilitigs

Measar dùthchannan air an dòigh anns a bheil iad a' cuideachadh an fheadhainn as fheumaiche air taic. Tha Partaidh Uaine na h-Alba a' creidsinn gum bu choir dèiligeadh ris a h-uile duine le co-fhaireachdainn is urram tro ar siostam tèarainteachd sòisealta, ar laghannan co-ionannachd agus ar poileasaidh air in-imrich agus tèarmann.

Chuireadh sinn stad air sochairean a tha ag adhbhrachadh bochdainn do bharrachd is barrachd, air a' Chis Seòmar-leapa agus air bacadh shochairean chloinne bho theaghlachan aig a bheil barrachd air dithis chloinne.

Chuireadh sinn air chois Barantas Bun-chosnaidh far an dèanadh an siostam tèarainteachd sòisealta cinnteach gun robh deagh ìre bith-beò aig a h-uile duine.

Leudaichidh Partaidh Uaine na h-Alba còirichean fòrladh pàighte bho obair gu brìgheil. An luib seo, àrdachadh fòrladh màthaireil gu 52 seachdain aig làn-chosnadh agus còir laghail ùr airson fòrladh co-fhaireachdail ri linn bàs dlùth-dhaimh no dlùth-charaid.

San fhad-ùine, thoireadh Partaidh Uaine na h-Alba a-steach Cosnadh Bunaiteach Uile-choitichinn far am faigheadh gach neach na bheireadh dhaibh ìre bith-beò bhonntachail agus reusanta. Dhèanadh seo an siostam shochairean sòisealta nas sìmplidhe, ag ìsleachadh an uallaich is a 'chosgais a tha an luib an t-siostam a tha againn an-dràsta agus a 'dèiligeadh ri bochdainn agus neo-ionannachd agus a' toirt roghainn do dhaoine a thaobh cùram, cruthachadh agus ionnsachadh.

Tha Partaidh Uaine na h-Alba a' sireadh sòisealtas a tha a' cur luach air co-ionannachd, còirichean dhaonnachd agus cion leth-bhreith. Chuireadh sinn dìon ri còirichean fad-ùineach dhaoine tàr-ghnèitheach agus bheireadh sinn air falbh am bacadh neo-dheamocrataigeach air ath-leasachaidhean aithneachadh gnè ann an Alba. Chuireadh sinn taic ri Achd nan Còirichean Daonna agus dhèanamaid cinnteach gum fuiricheadh an Rìoghachd Aonaichte mar bhall de Choinbheisean Eòrpach nan Còirichean Daonna.

Leasaicheadh agus chuireadh sinn dìon ri seirbheisean slàinte ann an Alba. Tha an siostam maoineachaidh dhan na Riaghaltasan tiomnaichte a' ciallachadh gu bheil gearraidhean ann am maoineachadh Shasainn a 'toirt buaidh air an airgead a gheibh Alba airson seirbheisean slàinte. Tha fìor dhroch bhuil air a bhith aige seo agus feumar a chur air dòigh. Chuireadh sinn dìon ris an t-seirbheis slàinte bho cho-aontan malairt eadar-nàiseanta agus chuireadh sinn rian riaghailteachd mheidigeach fo sheilbh Alba.

Tha Partaidh Uaine na h-Alba airson dèiligeadh ri drugaichean tro shlàinte phoblach. Dhèanadh sinn ath-leasachadh air an lagh ceangailte ri drugaichean mi-laghail gus nach biodh sealbheadaireachd de dhruaga sam bith na eucoir. Tha sinn airson àiteachan cleachdaidh sàbhailte fhaicinn ann am bailtean-mòra Alba mar chiad cheum ann am poileasaidh dhruagaichean stèidhichte air slàinte agus le fòcas air ìsleachadh cron.

A' cumail suas Deamocrasaidh ann an Alba

Tha còir pàirt a ghabhail ann an deamocrasaidh shaor agus chothromach aig cridhe shaoranachd. Tha Partaidh Uaine na h-Alba a' creidsinn gu bheil còir aig Alba a bhith neo-eisimeileach agus gum bu chòir don ath Riaghaltas san Rìoghachd Aonaichte cead a bhuileachadh air Pàrlamaid na h-Alba reifreann bun-reachdail a chumail, nuair a thathar ga iarraidh, gus am bi roghainn againn air dè tha romhainn mar dhùthaich.

Feumaidh sinn a' chumhachd a tha aig Riaghaltas na Rìoghachd Aonaichte gus stad a chur air co-dhùnaidhean Pàrlamaid na h-Alba a thoirt air falbh le Achd nam Margaidhean A-staigh a mhì-lagachadh agus le Earrann 35 de dh'Achd na h-Alba a thoirt às.

Thoireadh sinn a-steach riochdachadh co-roinneil airson taghaidhean aig gach ìre san Rìoghachd Aonaichte airson taghaidhean a dhèanamh nas cothromaiche agus chuireadh sinn às do Thaigh neo-thaghta nam Morairean . Leudaicheadh sinn a' bhòt gu aois 16 agus 17 agus bhiodh cothrom bhòtaidh stèidhichte air còmhnaidh seach saoranachd agus a' toirt a-steach inbhe fogarraich.

Feumaidh sinn ar Pàrlamaid a dhèanamh nas ruigsinneach le taic ath-mhaoineachadh do dhaoine cioramach a tha a' seasamh airson taghadh, le bhith a' cumail amannan-suidhe Westminster ri uairean àbhaisteach gnìomhachais agus a' dèanamh cinnteach gu bheil cùram cloinne ri fhaotainn aig prìs reusanta do BhP agus do luchd-obrach.

Dhèanadh Partaidh Uaine na h-Alba soilleir mar a tha poilitigs air a mhaoineachadh anns an Rìoghachd Aonaichte gus stad a chur air buidhnean 'airgead dorcha' bho bhith a' cur airgead ann an iomairtean taghaidh. Chuireadh sinn bacadh air buidhnean thall thairis bho bhith a' ceannach sanasachd ann an iomairtean taghaidh san Rìoghachd Aonaichte agus mheudaicheadh sinn gu brìgheil ìre càin airson riaghailtean ionmhasachd taghaidh a bhriseadh.

Tha Partaidh Uaine na h-Alba den bheachd gu bheil e cudromach gum biodh na meadhanan saorsail agus tro-fhaicsinneach. Chuireadh sinn barrachd taic ri aithriseachd ionadail agus chuireadh sinn air chois cìs air seirbhisean sruthaidh pàighte gus cuideachadh a thoirt do TBh agus fiolam ionadail.

A' coileanadh Dreuchd Chruinneil

Am beachd Partaidh Uaine na h-Alba, bidh saoranach cruinneil a' stèidheachadh caidreachas airson sìth agus a' cur an aghaidh riaghaildean fòirneartach agus nàimhdeil a tha a' bagairt air sàbhailteachd an daoine. Tha sinn airson taic ionmhasach agus phoilitigeach do mhalairt armail a stad buileach.

Dh'ath-shuidheachadh sinn an dleastanas 0.7% GDP aig a' char as lugha a chosg air taic eadar-nàiseanta, dh'ath-stèidhicheadh sinn Roinn an Leasachaidh Eadar-nàiseanta agus chuireadh sinn taic ri rèiteachadh sìth, ceartas aimsireil, dìoladh èirige agus prògraman dì-cholonadh. Dh'obraicheadh sinn còmhla ri dùthchannan eile Ceann a tuath na Cruinne gus prògram coitcheann a chur an cèill airson cur às do fhiachan dhùthchannan a' Chinn a Deas.

Dh'fhaodadh Alba neo-eisimeileach làn phàirt a ghabhail ann an iomairtean eadar-nàiseanta a' dèiligeadh ri èiginn aimsir agus nàdar. Dhèanadh Partaidh Uaine na h-Alba iomairt airson Alba neo-eisimeileach tilleadh dhan Aonadh Eòrpach gus am faigheadh sinn air ais còirichean siubhail, còmhnaidh, obrach agus ionnsachaidh air feadh na mòr-thìre.

Tha Partaidh Uaine na h-Alba ag aithneachadh còir fèin-dhaingneachd mhuinntir Phalastain. Tha sinn a' sireadh stad-losgaidh gun dàil, crìoch ainneart Iosrael air Gaza agus aonta sìthe fìor a bheir cothrom do mhuinntir an àite a bhith saor o fhoir-ghlacadh, leth-bhreith agus bagairt.

Tha sinn ag iarraidh smachd-bhannan nas fharsainghe agus nas èifeachdaiche an aghaidh na Ruis air sgàth an ionnsaigh bhrùideil, gun chomain air an Ucràin.

Tha sinn ag aithneachadh chòirichean fèin-dhearbhaidh sluagh Thibeat agus an còir air dearbh-aithne agus fèin-ughdarras.

Chuireadh Partaidh Uaine na h-Alba fàilte chridheil, cho-fhulangach air fògarraich agus comraichean. Chuireadh sinn stad air giùlan chomraichean gu Rwanda agus dhèanadh sinn cinnteach gum biodh tagraidhean air an dèiligeadh riutha ann an dòigh chothromach, chòir anns an Rìoghachd Aonaichte. Gheibheadh comraichean cead obrach fhad' s a bhiodh iad a' feitheamh freagairt an tagraidhean agus dhèanadh sinn cinnteach gum faigheadh iad taigheadas freagarrach taobh a-staigh choimhearsnachdan.

Tha sinn airson gum bi an cothrom aig Alba ar prìomhachasan fhèin a stèidheachadh a thaobh in-imrich, a' buileachadh bhìosathan a-rèir feumalachdan ar feachd-obrach fhèin. Chuireadh sinn stad air riatanas teachd-a-steach air bhìosathan cèile gus am b' urrainn do theaghlaidhean fuireach còmhla ge bith dè an cosnadh.